

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 5 | 2012 | AN GIBLEAN

Facal Toisich

Air a' mhìos seo bidh an Eaglais air feadh an t-saoghail a' cumail cuimhne air aiseirigh Chrìosd. Ann an leughaidhean o na Sgrìobtaran, ann an searmoinean, ann an laoidhean, bidh teachdaireachd na Càisge a' tighinn fa chomhair choitheanalan ann an iomadh cànan agus ann an iomadh tìr. Ged a bhios an Soisgeul air a libhrigeadh anns na ceudan de chànanan, 's e an aon naidheachd a bhios aig gach teachdaire.

Tha a' Chàisg a' teagasg gu bheil an gràdh nas treise na am bàs. Chuir daoine peacach, le fuath agus gràin 'nan cridhe, losa gu bàs air a' chrann, ach chreach E am bàs nuair a dh'èirich E le buaidh air madainn na h-aiseirigh. Eadhon air a' chrann-cheusaidh bha an gràdh a' toirt a-mach na buadha thairis air naimhdeas agus olc, agus losa ag ùrnaigh as leth nan daoine a bha ga cheusadh.

Tha a' Chàisg a' teagasg gu bheil an solas nas treise na an dorchadas. Ann an soisgeul Eòin tha mòran sgrìobhte mu sholas agus mu dorchadas. Tha an dorchadas 'na shamhladh air gach nì anns an t-saoghal agus ann an cridhe an duine a tha an aghaidh toil Dhè. Tha an solas a' samhlachadh a h-uile rud anns an t-saoghal agus ann an cridhe an duine a tha brèagha agus a rèir spiorad Dhè.

Tha còir aig a h-uile Latha Sàbaid a bhith 'na chuimhneachan air aiseirigh Chrìosd agus gach beannachd a tha againn mar thoradh air aiseirigh an Tighearna. 'S e Latha an Tighearna a tha ann an ceart da-rìreabh. Dh'èirich E o na mairbh air a' cheud latha den t-seachdain. Ann an saoghal dorcha anns a bheil iomadh naidheachd dhuilich eudòchasach againn 's e teachdaireachd na Càisge gu bheil Dia air a n-ath-ghineamhainn gu beò-dhòchas tre aiseirigh Chrìosd o na mairbh.

**Beannachdan na Càisge gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid**



A bheil sealladh ann cho maiseach ris na seallaidhean a gheibhear nuair a bhios sinn a' coiseachd air tràighean bàna nan eilean? Bheir farsaingeachd a' chuain oirnn smaoinichadh air farsaingeachd gràdh Dhè, gràdh a chì sinn 'na lànachd ann an losa Chrìosd, 'na theachd a dh'ionnsaigh an t-saoghail, 'na bheatha air an talamh, 'na bhàs air a' chrann-cheusaidh. Air a' mhìos seo tha sinn a' cumail cuimhne air aiseirigh an t-Slànaigheir.

Cùil Nan Ceist

Aig toiseach a' Ghiblein bidh cuimhne ga cumail air bàs agus aiseirigh Chrìosd. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mun aiseirigh. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè a' bhuidheann am measg nan lùdhach a bha ag àicheadh gu bheil aiseirigh ann? (Mata, caibideil 22.)
2. Lìon a' bheàrn – “Eòlas a bhith agam air-san, agus air ----- 'aiseirigh.” (Philipianaich, caibideil 3.)
3. Cò a thàinig a-mach as an uaghean an dèidh aiseirigh Chrìosd? (Mata, caibideil 27.)
4. Cò a thubhairt ri losa an dèidh na h-aiseirigh, “Mo Thighearna agus mo Dhia”? (Eòin caibideil 20)

Stòiridhean – 4

Chòrd an stòiridh seo rium gu mòr, oir nuair a bha sinn òg bha sinn bochd mar a bha a' chuid bu mhotha anns a' bhaile, ach cha robh fios agam air. Innsidh mi an stòiridh ann am facail na h-ighean.

“B’e a’ bhliadhna naoi ceud deug ceathrad is sia a bha ann agus bha mi ceithir bliadhna deug de dh’aois. Bha m’athair air bàsachadh agus cha robh mòran againn. Mu mhìos ron Chàisg dh’ainmich am ministear gum biodh tional sònraichte ann aig a’ Chàisg airson teaghlach nach robh ro-mhath dheth.

Nuair a chaidh sinn dhachaigh thòisich sinn a’ bruidheann air dè a b’urrainn dhuinn a dhèanamh. Fad na mìos rinn sinn jobaichean do dhaoine eile, shàbhail sinn air a h-uile dòigh air am b’urrainn dhuinn smaoineachadh agus aig deireadh na mìos bha seachd dolair againn agus bha sinn air bhoil mu cho math agus a rinn sinn. Abair gu robh sinn pròiseil a’ dol don eaglais Latha na Càisge. Chuir sinn uile pàirt den airgead don tional agus bha sinn air dòigh glan a’ dol dhachaigh às an eaglais.

Am feasgar sin thàinig am ministear chun an dorais le cèise ’na làimh a thug e do mo mhàthair. Dh’fhosgail i a’ chèise agus ’na broinn bha na seachd dolair a chuir sinn fhèin ann agus seachd dolair deug eile. Cha tuirt duine facal. Chuir mo mhàthair an t-airgead air ais don chèise. Bha mi air mo nàrachadh. Bha fios agam nach robh mòran againn ach cha do smaoinich mi a riamh gu robh sinn bochd.

Cha robh duine againn ag iarraidh a dhol air ais don eaglais an ath Shàbaid, ach thug ar màthair oirnn. Bha miseanaraidh anns an eaglais an latha ud. Bha e ag innse dhuinn mu eaglais a bha iad a’ togail ann an Africa. Thubhairt e gun cuireadh ceud dolair mullach oirre.

Thug mo mhàthair a’ chèise a-mach às a бага agus chuir sinn an t-airgead don tional. Nuair a chaidh an t-airgead a chunntadh bha beagan agus ceud dolair ann. Bha sinne air ochdad agus seachd dolair à sin a chur ann. Bhon latha ud cha do dh’fhairich mi bochd tuilleadh – bha mi beartach ann an losa Crìosd.

**Oighrig Fhearghastan
(A’ Mhanachainn)**

Searmon Beag

Is mise an aiseirigh agus a’ bheatha (Eòin 11:25).

Nuair a tha sinn ag iarraidh fios a bhith againn cò ris a tha ar gnothach, canaidh sinn, “Cò thu?” Innsidh iad dhuinn an sloinneadh, a’ cheud ainm agus an cinneadh. ’S dòcha gun toir iad dhuinn ainm an athar agus am màthar airson gun tuig sinn cò iad, agus ma dh’fhaoidhte càit às a bheil iad.

Air an rathad gu Damascus (baile a tha tric anns na naidheachdan nar latha) chuala Saul o Tharsus guth o nèamh. “Cò thu, a Thighearna?” ars Saul agus e fo gheilt. Fhreagair an guth, “Is mise Crìosd a tha thusa a’ geur-leanmhainn.”

Dh’fhaodadh an guth a bhith air a ràdh, “Is mise an aiseirigh agus a’ bheatha”, oir ’s ann mar sin a dh’ainmich losa E Fhèin anns an dachaigh ann am Betani far an robh bròn agus caoidh, oir bha Làsarus, bràthair gràdhach, caraid caomh, marbh. Bha aire an teaghlach agus nan nàbaidhean air a’ bhàs agus air an sgaradh a nì e. Ach bha losa a’ bruidheann air beatha agus air aiseirigh o na mairbh.

Ghairm losa Làsarus air ais às an uaigh. Bha aiseirigh Làsaruis ’na roimh-shealladh air a’ bhuidh a bha Esan a’ dol a thoirt a-mach thairis air cumhachd a’ bhàis air madainn ghlòrmhoir na Càisge.

Tha compàirt aig luchd-leantainn Chrìosd anns a’ bhuidh-làraich a choisinn Esan air Didòmhnaich na Càisge. Air a’ chrann-cheusaidh fhuair E bàs às leth pheacach. ’Na aiseirigh on uaigh rinn E sin às leth dhaoine eile. A chionn gun do bhuaidh Esan anns a’ chath an aghaidh cumhachdan an dorchadais, bidh pàirt aig an fheadhainn a chuireas a dhòchas ann anns a’ bhuidh sin cuideachd.

Ann an soisgeul Eòin tha grunn àiteachan ann far a bheil losa ag ràdh, “Is mise...” Tha na h-ainmean sin ag innse dhuinn cò a tha ann an losa, a dhàimh ris a’ chinne-daonna, agus carson a thàinig E a dh’ionnsaigh an t-saoghail.

Leabhraichean

Anns an ochdamh linn deug sgrìobh am bàrd ainmeil, Dùghall Bochanan, iomradh pearsanta agus tarraingeach air a thuras spioradail. Bhiodh ’eachdraidh spioradail Bhochanain gu tric air a chlà-bhualadh, ann am Beurla agus ann an Gàidhlig, anns an aon leabhar còmhla ri a dhàin spioradail.

A-nis tha fear de bhàird Ghàidhlig na linne againn fhèin, Maoilios Caimbeul, air iomradh a sgrìobhadh air mar a thàinig e fhèin o bhith ’na dhuine a bha teagmhach a thaobh nithean spioradail gu bhith a’ creidsinn an an Crìosd mar Shlànaighear. Ach chan bhiodh an sgeul iongantach seo coileanta as aonais bean a’ bhàird, Mairead. Bha e fhèin agus Mairead air coinneachadh nuair a bha iad na b’òige, agus bha iad dlùth da chèile. Ach bha iad air slighean eadar-dhealaichte a ghabhail. Bha ise ’na banntraich agus bha am pòsadh aige-san air bristeadh. Bha ise air tighinn gu creideamh ach bhiodh am bàrd air a mheas mar neach aig nach robh creideamh. Ach a-nis tha beatha na càraid air a stèidheachadh air bunaitean soisgeulach.

**Island Conversion
Maoilios agus Mairead Caimbeul
(The Islands Book Trust. £12.00)**

Anns an leabhar uaireannan ’s e Maoilios a tha a’ bruidheann, agus uaireannan eile tha caibideil aig Mairead. ’S e sin aon de na rudan a tha a’ fàgail an leabhair cho brioghmhor, na dòighean iongantach agus diofraichte anns an do threòraich làmh Dhè iad, le ainlingean agus tachartasan eile.

Tha pìosan bàrdachd aig deireadh anns an leabhar a tha làn brìgh – chòrd am pìos mun dithis air an t-slighe gu Emmàus rium gu h-àraidh rium. A bharrachd air eachdraidh-beatha tha feallsanachd anns an leabhar seo cuideachd a chuireas gu cnuasachadh sinn..

Cha chanadh cuid de na bàird Ghàidhlig as iomraitiche a bha a’ sgrìobhadh anns an fhicheadamh linn gu robh creideamh aca. Ach an seo tha fear de phrìomh bhàird ar latha air nach eil eagal aideachadh gun do dh’fhiosraich e gràs Dhè, ged a bha iomadh car agus tionndadh anns an rathad mun do ràinig e fhèin agus Mairead an ceann-uidhe. Leabhar air leth fo iomadh sealladh.

Fiach gun ceannaich sibh e.

Eaglais Cuilinn (Cullen)

Tha baile beag Cullen, Cuilinn anns a' Ghàidhlig, ann an sgìr Mhoireibh, air taobh an ear-thuath na h-Alba, fichead mìle an ear air Eilginn. Tha timcheall air mìle agus còig cheud neach a' còmhnaidh ann.

Bha eaglais air a stèidheachadh anns a' bhaile anns an treas linn deug, oir tha e air a chlàradh gun deach a' Bhan-rìgh Ealasaid, an dara bean aig an Rìgh Raibeart, a rinn a' chùis aig Blàr Allt a' Bhonnaich, a thìodhlacadh ann an cladh na h-eaglais. Chaochail i anns a' bhaile ann an 1327.

Thadhail Raibeart Burns air a' bhaile ann an 1787 nuair a chaidh e air cuairt anns a' Ghàidhealtachd.

Bha teaghlaichean anns a' bhaile a' fulang gu mòr le tuitlean oir le droch shìde bhiodh uisgeachan a' sruthadh sìos an rathad a bha air talamh àrd agus a' dol tro an cuid dachaighean. Chaidh taighean ùra a thogail, còig mìle air falbh, ann an 1822, leis an Iarla Findlater.

Thàinig an t-iasgach air adhart gu grad aig deireadh na naoidheamh linn deug agus bha am bàgh trang le sgothan. Mar a thachair air taobh an ear na dùthcha aig toiseach na ficheadamh linn bha gach port a' cur thairis le droiftoirean.

Chrìon an t-iasgach agus dhùin an rèile anns na trì ficheadar agus an-diugh 's ann à turasachd agus golf a tha cosnadh a' tighinn.

Anns an eaglais tha "Laird's Loft", 1602, far an robh àite air a chur air leth don uachdaran, le staidhre air an taobh a-muigh, a' dol suas gu rùm cofhurtail agus far nach biodh an duine mòr air a bhodraigeadh le daoine borba.

Anns a' chladh a tha timcheall na h-eaglais tha mòran uaignean le carraighean-cuimhne, a tha a' dol air ais airson linn-tean. 'Nam measg tha carragh-cuimhne don cheathramh Iarla Findlater, Seansalair na h-Alba aig àm an aonaidh ann an 1707. Bha e fada an aghaidh an dùthaich a bhith air a slugadh

a-staigh còmhla ri Sasainn, agus 's esan a thubhairt na briathran, "It's the end of an suld sang."

Tha am baile ainmeil airson brot ris an can iad Cullen Skink, anns a bheil iasg na h-adaig, buntàta agus uinneanan.

'S e an t-Urr. Dùbhghlas Stevenson a tha os cionn na h-eaglais, a tha trang agus beothail. Cuirear fàilte air gach neach a thadhlas.

Tormod Domhnallach,
(Tobar nam Màthar)



An-diugh bidh an saoghal a' dèanamh feum de dh'iomadach seòrsa connaidh – cumhachd an dealain, neart na gaoithe agus nan tonn 'nam measg. Ri linn ar n-athraichean bha a' chuid mhòr de mhuinntir nan eilean an crochadh air a' mhònaidh, agus bha obair mhòr an cois na mòna. Anns an dealbh seo chì sibh dà cheathramh à Barraigh, faisg air ceud bliadhna air ais, a' toirt dhachaigh na mòna le cliabh.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "An t-Adhamh deireannach".
Tha na faclan sin

sgriobhte ann an ceud litir nan Corintianach, an còigeamh caibideil deug, an còigeamh rann thar an dà fhichead. (1 Corintianaich 15:45)
Tha Pòl a' dèanamh coimeis eadar a' cheud Adhamh agus an t-Adhamh deireannach. Chuir a' cheud Adhamh cùl ri Dia agus thàinig am peacadh agus am bàs a-steach. Thug an t-Adhamh deireannach buaidh air peacadh agus bàs. Dh'èirich Iosa on bhàs. Bheir E a' bhuaidh dhuinne cuideachd.

A bheil rud ann cho math ri sàmhchair? An-diugh, a' coimhead a-mach air an uinneig, tha fois air muir agus air tìr. Tha an loch socair. Tha blàths a' tighinn. A bheil sinn a' cur luach air an t-sith a tha againn anns an dùthaich seo? Nach cuimhnich sinn ann an ùrnaigh air na h-àiteachan anns an t-saoghal far nach eil sith. Tha iomadh dùthaich ann far a bheil cogadh, mort agus marbhadh. Chan eil e furasta dhuinne smaoineachadh air cho doirbh agus a tha e a bhith beò ann an suidheachadh mar sin.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "An uair a dh'èireas Iain Dubh, laighidh am ministear."
(When Black John rises, the minister lies down.) Aig aon àm bha ùghdarras aig a' mhaor-eaglais. 'S e "am beadal" an t-ainm a bhiodh air ann an Gàidhlig agus ann an Albais. 'S dòcha gum biodh Iain Dubh a' seasamh nuair a bha e a' smaoineachadh gu robh an searmon fada gu leòr. Shuidheadh am ministear an uair sin agus fios aige gun tuirt e gu leòr. Cha eil na searmoinean cho fada an-diugh agus a bha iad uaireigin.

Oidhche Dhìdòmhnaich bidh seirbheis shònraichte air Radio nan Gàidheal. Bidh seirbheis a bha air a craobh-sgaoileadh bliadhnachan air ais a' tighinn a-mach as-ùr. Tha e math a bhith ag èisteachd ri gutan dhaoine nach eil còmhla rinn an-diugh. Ann an litir nan Eabhradhach tha e sgrìobhte, "Air dhaibh a bhith marbh, tha iad fhathast a' labhairt." Tha seinn a' choitheanail làidir beò ann an cuid de na seirbheisean sin nuair a bha iad air an clàradh ann an eaglais. Tha tarraing anns na sailm air an seinn anns an t-seann nòs.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

MAIREAD DHOMHNALLACH

Aig deireadh an Fhaoilich chaochail Mairead Dhòmhnallach, a bha pòsta aig an Urr. Ruairidh Dhòmhnallach, nach maireann. Dh'eug Ruairidh Dhòmhnallach, ministear agus bàrd, ann an 1998. Bha leughadairean nan *Duilleag* eòlach air na sgrìobhaidhean aige bho chionn iomadach bliadhna. Chuir muinntir nan eilean eòlas math air Mairead Dhòmhnallach nuair a bha an t-Urr. Ruairidh 'na mhinistear ann an Eaglais Chaluim Chille eadar 1946 agus 1967. Chaochail Ruairidh agus Mairead le chèile ann an ospadal nan Innis, anns an sgìr ann an siorrachd Obar Dheadhain far an robh e 'na mhinistear o 1967 gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 1984. Bha ceathrar de theaghlach aca, 'nam measg Lewis, a tha 'na bhall de Phàrlamaid na h-Alba, agus Iain, a fhuair duais bho chionn ghoirid mar phrìomh chraoladair agus fear-naidheachd na Gàidhealtachd.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh fuasgladh nan ceist a chuir sinn oirbh co-cheangailte ri aiseirigh Chrìosd. 1. Na Sadusaich. 2. ----cumhachd----. 3. Na naoimh. 4. Tòmas.

SEANN BHIOBALL

Ann an 1826 chaidh Bioball-cùbaid a chlà-bhualadh. Bho chionn ghoirid thug Iain Challis, a stèidhich an *Raven Trust* airson cuideachadh a thoirt do dhaoine ann am Malawi, leth-bhreac den Bhioball seo don Fhear-dheasachaidh. Bha e am measg leabhraichean a chaidh a thoirt seachad airson a chur gu ruige Malawi, agus bha Iain den bheachd gum biodh Bioball Gàidhlig na b'fheumaile ann an Alba. Bidh am Bioball-cùbaid seo, a tha ann an deagh staid, air a chur gu feum ann an seirbheisean Gàidhlig ann an Earra Ghàidheal. Chaidh am Bioball seo a chur a-mach le ùghdarras Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba, agus bha làmh làidir aig an SSPCK anns an obair – "A' Chuideachd Urramach a tha a chum Eòlas Chrìosdaidh air feadh Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba." Chosgadh leth-bhreac den leabhar tasdan agus seachd sgillinn ann an 1826.

MODERATOR NA CLEIR



Tha grunn eildearan air a bhith 'nam Moderàtoran air Clèirean na h-Alba, ach 's e seo a' cheud turas a tha fear nach eil 'na mhinistear gu bhith anns a' chathair air Clèir Earra Ghàidheal. Tha Dhòmhnall MacFhionghain, a tha a' fuireach anns an Oban, aig a bheil dlùth-cheangal ri Tiriodh, air deagh sheirbheis a thoirt don Chlèir mar shearmonaiche agus ann an

dòighean eile. Gus an d'fhuair Tiriodh ministear ùr an-uiridh, 's ann ri Dhòmhnall a bha gnothaichean a' choitheanail an urra, agus rinn e sin gu dìleas dìcheallach.

AN T-OLL. URR. UILLEAM MAC AN T-SAOIR

Aig deireadh a' Ghearrain chualas naidheachd-bàis ministear a choisinn cliù air taobh siar agus taobh sear na h-Alba, an t-Urr. Uilleam

Iain Mac an t-Saoir. Bha 'athair 'na mhinistear ann am Muile agus thòisich Uilleam a mhinistrealachd ann an Cill Bhrannain agus Cill Chatain ann an 1951. Roimhe sin, eadar 1943 agus 1947 bha e 'na chaithean ann an Rèiseamaid Earra Ghàidheal agus ann an Rèiseamaid nan Gurka. Ghluais e gu Crail ann an 1956, far an do dh'fhuirich e gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 1989. Fhuair e urram o Oilthaigh Chill Ribhinn ann an 1981 nuair a rinn iad Dotair Diadhaireachd dheth, mar chomharradh air a sgoilearachd.

RANN

*Dh'èirich Crìosd a-nìos on uaigh,
Seinneadh na tha bhos is shuas;
Seinn, a thalaimh, seinn a nèimh,
Cuiribh uile 'chliù am meud.*

Seo a' cheud rann ann an laoidh a sgrìobh Isaac Watts, a tha a' tòiseachadh anns a' Bheurla, *Christ the Lord is risen today*. 'S e an t-Oll. Iain Mac a' Ghobhainn, a bha ann an Ceann Loch Chille Chiarain dà cheud bliadhna air ais, a thionndaidh an dàn ainmeil seo gu Gàidhlig.

BIDH IONNDRAIN AIR

Bha sinn duilich a chluinntinn gun do dh'eug an t-Urr. Seumas Alastair Mac Ghille Mhìcheil gu h-obann anns a' Ghearran. Rugadh Mgr. Mac Ghille Mhìcheil ann an Ile ann an 1936. An dèidh dha dreuchd Dhè a chluinntinn gu dreuchd na ministrealachd fhritheil a oilthaigh Ghlaschu. Ann an 1976 chaidh a phòsadh ri sgìr Aird Ghobhar, ceangailte ri Sròn an t-Sithein. Shaothraich e gu dìcheallach ann an Clèir Loch Abar gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 2006. Bha e pòsta aig Ealasaid Watt, a bha a' teagasg ann an Earra Ghàidheal agus tha ar co-fhaireachdainn aice-se.

Urnaigh

A Dhè Uile-chumhachdaich,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson a' chumhachd a chì sinn
air fhoillseachadh ann an aiseirigh
Chrìosd o phrìosan a' bhàis.
Deònaich gum bi an Eaglais beò
ann an solas na h-aiseirigh,
a' creidsinn gu bheil
sinn a' dèanamh seirbheis
do Shlànaighear a thug buaidh
air bàs agus uaigh.

Amen

**An dealbh air aghaidh
nan Duilleag:
Ceann an rathaid – an sealladh a chì
thu o Mhealasta ann an sgìr Uige
ann an Leòdhas. Air faire chithear an Sgatp,
an t-eilean far an do rugadh iomadh
teachdaire Soisgeulach.**